

An Cuilitheann

A Chrìstein MhicGrèidhir, MhicDhiarmaid,
nan robh agamsa an iarmad
a sgrìobadh o bhàrrlach trian bheag
d' aigne gheur dhomhainn fhiadhaich,
gun cuirinn-sa an Cuilitheann iargalt
'na theine-sionnachain san iarmailt
's gun toirinn às an Eilean èigheach
a dheanadh iolach dàin sna speuran.
Agus, a Dhòmhnullaich ghlòrmhoir,
nan robh agam trian do threòir-sa,
chumainn ar Clàr-Sgithe òirdhearc
ceann-caol ri tuinn àr na h-Eòrpa.

EARRANN I

An Sgurra Biorach sgùrr as àirde
ach Sgurra nan Gillean sgùrr as fheàrr dhiubh,
an sgorra gorm-dhubh craosach làdir,
an sgorra gallanach caol cràcach,
an sgùrr iargalta mòr gàbhaidh,
an sgorra Sgitheanach thar chàich dhiubh.
Gun tigeadh dhòmhsa thar gach àite
bhith air do shlinneanan àrda
a' strì ri do sgòrnan creagach sàr-ghlas,
mo ghleac rid uchd cruaidh sgorrach bàrcach.
Anns an direadh bhon choire,
cas air sgeilpe, meur air oireig,
uchd ri ulbhaig, beul ri sgorraig,
air ceum corrach ceann gun bhoile;
gaoirdean righinn treun gun tilleadh
gu ruig fàire do chòigeimh bidein
far am brist air ceann na spàirne
muir mhòr chiar nan tonn gàbro,
roinn nan dromannan caola àrda,
an crios-onfhaidh dorcha stàilinn:
cuan 's a luasgan teamn an creagan,
a chraosan maireann an caol-eagan,
a spùtadh sìorraidh anns gach turraid,
a bhàrcadh biothbhuan anns gach sgorra.

Chì mi 'n sàr-eilean 'na shiantan
mar chunnaic Màiri Mhòr 'na h-iargain,
's an sgaoileadh ceò bho cheann na Gàrsbheinn
ag èaladh air creachainnean fàsa,
's ann dhiùchdas dhòmhsa càs mo chàirdean,
eachdraidh bhrònach an eilein àlainn.

Loch nan loch an Coire Lagain

mur b' e fuarain Coire Mhadaidh,
am fuan os cionn gach fuarain
san Fhionnachoir e gheal uaine.
Mòran fhuanan 's gainne fhiùran
an-diugh 's an-dè 's a-raoir gam dhùsgadh,
call dòrainneach luchd ar dùthcha,
togail tuatha, fògairt, spùilleadh.
'S chithear an t-Eilean mòr 'na lùban,
gurrach feannaig air gach dùn ann,
feannagan dubha boga claona:
ar leò gur iolaire gach aon dhiubh.

'S e 'n Diabhal fhèin a thog am mùr seo
a chur air falach Rubha 'n Dùnain:
cinn-chinnidh is fir-tac a' spùilleadh,
le cead dhiadhairean a' rùsgadh,
a' togail tuatha 's a' cur bhrùidean.
Am buidheachas eile dhan Aon Fhear
a chionn nach fhaicear Loch Shlaopain,
far an d' rinneadh an daorsa,
far na dh'èirich a' ghaoir ud
feadh an t-Sratha 's feadh an t-saoghail.
Ach Diùrainis nan criosan creige
far na chaisgeadh sgreamh nan eilean,
far an tug na Dalaich breaban
gu caistealan mòra leagail.

'S mo thìr fhìn, Bràighe Chloinn MhicNeacail,
far na dh'ùraich an treòir sheacte,
far an tugadh aon ionnsaigh
a thug Alba gu car dùsgaidh.

Dhùraich cuid fraineach fhàsmhor
dha na glinn a b' fheudar fhàgail;
ma dhùraich, gur trom an fhàisneachd
air na tùir 's na taighean as àirde.

Chì mi Caisteal Dhùn Bheagain
'na aon chaoir lasair frainich,
agus an aitreabh mhòr Shlèiteach
fo bhàrr-gùc, tùir is stèidhean.

Chì mi bailtean bha 'm Bràigh Aoineart
fo thaomadh frainich 'nan aibhnean;
's chì mi Feasgar fann nan Gàidheal,
leus frainich bhuaithe ruigheachd nèimhe.

Latha dhomh air Sgùrr a' Ghreadaidh,
na mo sheasamh air an roinn àird eagaich,
ag amharc sìos air Coire 'n Uaigneis

tro bhàrcadh a' cheò mun cuairt orm,
ann am bristeadh an t-siabain
dheàlraich aiteal òir air sgiathan
iolaire dol seachad shìos ann
ri taobh nam ballachan cliathaich;
is dhòmhsha thar glòir gach eunlaith
aiteal òir an eòin Sgitheanaich.
Thionndaidh mi, 's a tuath 's an iar-thuath
bha Minginis 'na bòidhche sheunta
agus Bràcadal uaine;
Diùrainis is Tròndairnis bhuaipe.
Dhiùchd dhomh bòidhche an t-sàr-Eilein,
dhiùchd ach thàinig sian a' pheileir:
ciamar a chumas an gaol seo
grèim air creig dheighe 'n t-saoghal?

Ann an talla mòr an Lunnainn
chruinnich bùirdeasaich Shìol Leòid,
urrachan mòra à Sasainn
a' cur fleadhachais air dòigh;

Agus ghlaodh gach cnoc is cluaineag
o Sgurra Thuilm gu Healghabail Mhòir
an àbhachdas mar thachair nithean
o làithean an t-Saothaich Mhòir.

Dh'èigh ioma fireach agus fuaran
o Bhruaich na Frìthe gu Àird Mhòir;
thàinig ioma spiorad iargain
à fearann cian 's às a' chuan mhòr.

Chualas guth fann tiamhaidh
air osagan na h-Àirde 'n Iar:
“Beinn Thota-Gormail nam fear sgiamhach,
Beinn Dubhagraich, m' ionam 's mo chiall.”

Dh'èirich na cnàmhan loma fuara
à luasgadh Caolas Bhatarsaigh:
gun d' rinn an tiormachd is an cruas
glag gàire ris an aiteas ud.

Thàinig spiorad Nèill, am bàrd,
a' caoidh a' għlinne 'n robh e òg
agus thàinig Màiri Mhòr
thoirt iomraidh air gniomh MhicLeòid.

Agus gach eile a bha caoidh
na beinne brice 's creachainn àird
is eucoir shanntach luchd nan dùn
a chuir an cùl-san ris an tràigh.

Thàinig Iain, an siad,
a Cille Chòmhghain shìos sa Ghleann;
cha deachaidh aoibhneas-san am miad
ag èisteachd a' ghoileim a bha ann.

Feasgar dhomh air Sgurra na Banachdaich
dh'èirich samhlaidhean san anmoch;
air gach baideal dhen Chuilitheann
bha riochd fear-spùillidh a' tulgadh.
Gòbhlach air Sgùrr a' Ghreadaiddh
bha triùir de thriathan Dhùn Bheagain,
agus air Fiacail a' Bhàisteir
a liuthad de mhormhairean Shlèite.

An iarlas, air ceann na Gàrsbheinn,
chunnacas an Dotair Màrtainn,
's bha MacAlasdair na h-Àirde
anns an eig air mullach Bhlàbheinn.
Bha Eòghainn Mòr air Sgùrr an Sgùmain
's e 'g amharc sìos air Rubha 'n Dùnain
agus Camhshronach dlùth ris,
a' coimhead Mhinginis a rùisg iad.
An ear, air faire Sgurra nan Gillean,
dh'èirich fiamh a' Mhàidseir Friseal,
agus 'nan gurraich air a' Bhidean
bha Ballingall is Maighstir Gibbon;
leotha fhèin air Slios na Bruaich
bha Fear a' Choire 's Alasdair Ruadh;
MacÀidh is Rèanaidh air Dùn Cana,
's cha b' iadsan bu chaoine tannasg.
Agus anns gach coire fòdhpa
gach sodalach sliom dhen còmhlan,
a choisinn bàrr am mòr-dhuaisean,
gach bàillidh, fear-lagha 's uasal
a dh'ith 's a dh'imlich mun cuairt,
a shlaod 's a spùill agus a ruraig.
O gach coire agus sgorra
bhàrc an aon laoidh cuideachd:
'An ceann beairteis agus uaisle
gheibhear an-còmhnaidh ùidh nam buadh-mhor;
thig is bheirear dhaibh an iarrtas –
siud an airidh 's an lagh sìorraidh.'
Bhrùchd orm gàir chruaidh an iolaich:
'Tuath na leisge 's na droch ghiollachd,
claoïdh iad, tog iad agus sguab iad,
brist iad, iomain iad is ruaig iad.'

Thòisich na Tannasgan air dannsa,
's cha b' e siud an iomairt sheannsail,

corranach an t-sluaigh a' fàgail
an ceann gliongarsaich nan àrmann.
Thar farsaingeachd cuain agus àrainn,
fhreagair an cridhe bochd san àmhghar,
's gach seòmar truagh fo roisg na gréine
on tig gaoir an anacothroim 's an èiginn
mar a' ghaoir air feadh an t-Sratha
a chuala Geikie 's nach do cheil e.
'S ged sgoilteadh guth eile 'n ceathach,
Lenin, Marx no MacGill-Eain,
Dimitrov no MacMhuirich,
Mao Tse-tung is a chuideachd,
bhàthadh an caithream diabhlaidh
guth nan saoi is glaodh nam piantan,
's chlaoidheteadh mi le sgreath na fuaim
's an Cuilitheann mòr a' dol 'na thuaineal.

Air Sgùrr Alasdair ri lainnir
is àilleachd airgid na gealaich,
lean an glaodh ud ri mo chlaistneachd,
dhrùidh e air smior mo neairt-sa;
's ged sheasadh ar Beinn Lì gu h-uaibhreach
thar gach sgorra agus bruaich dhiubh,
's ged a chithinn creagan Bhaltois
a' toirt bàrr air rèis na h-ealtainn,
's ged bhiodh Beul Àth nan Trì Allt
mar a' Bholga làn is mall,
leanadh sgreuchail a' Chuilithinn
ri mo chluasan 'na duilighinn.
'S ged chuala mi oidhche 'n talla
Phort Rìgh mo ghaoil agus m' aithne
an seann siad, Dòmhnall MacCaluim,
's e a' ghaoir ud a mhaires.
'S gus an tig an t-Arm Dearg còmhla
le caismeachd tarsainn na Roinn-Eòrpa,
drùidhidh iorram na truaighe
air mo chridhe 's air mo bhuadhan.
Curaidhean nam bochd a' cnàmh,
'nan closaichean lobhte anns an Spàinn,
's na ceudan mìle anns an t-Sìn,
ìobairt air as fhaide brìgh;
a liuthad Thaelmann anns a' Ghearmailt
's an Leathanach mòr an Albainn,
Mac a' Phearsain ann an Cille Chòmhghain,
's an t-Eilean mòr glè rongach;
mise 'n seo air creagan spòrsa,
is Alba lobhadh an suain bhreòite.

A Chuilithinn chreagaich an uabhas,
tha thusa mar rium dh'aindeoin fuathais.
A' chiad la dhìrich mi do mhùr dubh
shaoil leam am Breitheanas bhith tùirling;
a' chiad la phòg mi do ghruidh
b' e choimeas fiamh an Tuile Ruaidh;
a' chiad la phòg mi do bheul
dh'fhsogail Iutharn a dhà ghiall;
a' chiad là laigh mi air d' uchd-sa
ar leam gum faca mi an luchdad
aig na speuran troma, falbhaidh
gu crith sgriosail na talmhainn.
'S mi ruigheachd roinn-dhruim Bruach na Frìthe
nochd mi allaidheachd na tire:
brat trom, dubh-dhearg air na neòil,
doineannachd nan gaoth 'nam beòil.
Mu bhàrr cearcall nan sgùrr iargalt
fosgladh lachdann anns an iarmailt
fo bhrat ìosal, dearg-dhubh, dùmhail
nan sgòth riabhach, dorcha, mùgach,
coitheanal uabhas nan dùilean,
cruinneachadh nan sian gu lùth-chleas.
Srannaich ghailleanach gach sgala
mu na biodan gruamach, allaidh,
crathadh is crith na h-osaig-èighich
mu bhaidealan gach creachainn lèithe,
sliosan is slèistean a' Chuilithinn
lom, nochdte ri gleac an fhuirbidh,
gun de dh'fheòil orra ach an sgàirneach
a thilgeadh comhair a cinn 'na càrnaich
bho do chruchann 's bho do ghlùinean
sios gu grunnd nan glomhar ùdlaidh.
Ris an fhaobairne, Mac Cuilithinn,
cha robh Goll no Fionn no uilebheist
a dheachdad le mac-meanmna daonnda
ach mar mhial air druim na daolaig
ri Cù Chulainn 'na arm-aodach.
Dè an coimeas glùn no calpa,
uchd, sliasaid no ghuala thalmhaidh
ri ballachan nan stalla gruamach
dubh le deigh no snighe fuaraidh,
ri uchdaich nam fireach àrda
'nan creagan uamharra bàrcadh
mar chìochan-màthar an t-saoghail
stòite 's an cruinne-cè ri gaoladh.
Chunnaic mi Adharc an Sgùrr Dheirg
ag èirigh ann an dùbhlan feirg
anns an deifir bh' air na speuran,
's 'nan cathadh a thilgeil nan reultan
trianaid an Sgùmain air èirigh.

Air Sgùrr Dubh an Dà Bheinn
thàinig guth gum chluais a' seinn,
Pàdraig Mòr 's a cheòl a' caoineadh
uile chlann a' chinne-daonna.
Agus feasgar air a' Ghàrsbheinn
bha ceòl eile ann a thàinig,
Maol Donn agus ùrlar sàth-ghaoil
a' bristeadh cridhe nam fonn àlainn.
Ann an laighe geal na grèine
bha an àird an iar a' toirt dom lèirsinn
lainnir a' chuain air cùl Bharraigh
's e 'g iathadh eileanan ar fala;
agus an t-Eilean mòr 'na shiantan
mar chunnacas le sùil na h-iargain
a nochd Aimeireaga 's i 'g iarraidh
Grùla, Brunnal, Dà Chnoc Sgarrail,
a bhàrc am plosgartaich na fala,
Diùrainis nan rubhachan àrda,
Minginis a' bhroillich lànmhoir,
Bràcadal bhog nan cioch-lag àlainn
gan nighe le falach-phòig an t-sàile;
agus Aird mhòr Shrath Shuardail,
sliasaid fhada rèidh nam fuar-bheann,
fraoch is feur 'nan leugan shuas oirr'
mar chiabhan òr-laist' ceann mo luaidhe.
'S ag èirigh bho roid Rubha 'n Dùnain
anns na tlàman geura cùbhraidih
gaol is bròn tuath na dùthcha
a sgapadh le bearneas an spùillidh.
Air na leathadan uaine
ceò na h-eachdraidh ga shuaineadh,
cridhe, fuil is feòil mo dhaoine
'nan trom-laighe air na raointean;
Minginis a' cròdhadh le chèile
Bhatairnis agus Slèite,
Tròndairnis, Ratharsair is Rònaigh,
Diùrainis, an Srath is Sòdhaigh
anns a' mhèath-chiùran còmhla.
Agus trom air suain na frìthe
cruaidh-chàs is bochdainn nam mìltean
de thuath 's de mhith-shluagh na tire,
mo chàirdean is mo chuideachd fhìn iad.
Agus ged nach d' rinn an càs-san
gaoir ghoirt saoghail na Spàinne
agus ged nach d' rinn an diol-san
brat fala air aodann na h-iarmailt,
mar chunnaic Marlowe fuil Chrìosda
agus Leonhardt fuil Liebknecht,
agus ged nach d' fhuaradh fios

air oidhche challa an sgrios,
a ràinig gal saoghal a' bhròin,
tuiteam nan Asturaidheach 'nan glòir,
b' e 'n càs-san càs nan uile bhochd,
an cruaidh-chàs, a' ghainne is an lochd
on mhealladh ìochdarain gach tìre
le uachdarain, le stàit 's lagh sìobholt
agus leis gach ioma strìopach
a reic an anam air a' phrìs ud
a fhuair gallachan an t-saoghal
on bhuadhaich urrachan na maoine.

Seo latha eile air na slèibhteann
's na h-Asturaidhich a-rithist air èirigh.
A Dhia, nach fhaicinn cruas an dùblain
air mill a' Chuilithinn a' tùirling!
O fheara 's fheàrr air clàr an t-saoghal,
ged a tha ur diòl-se aognaidh,
thug sibh näire do na gruaidean
a dh'fhairich mòralachd ur cruardail
's a dh'fhuiling cluinntinn mur deuchainn
fo fhòirneart, cealgaireachd is breugan.
Nach èireadh Sgurra dubh nan Gillean
's gach sgùrr eile agus binnean
mar chùirn-chuimhne air bhur cruardal
agus air gaisge mhòir an uabhais!

Seo latha eile air na slèibhteann
's na Sgitheanaich fhathast gun èirigh;
seo latha eile air na raointean
's an t-Eilean Mòr a' call a dhaoine;
seo latha eile breacadh iarmailt
nach toir sàsachadh dom iargain;
seo latha eile bristeadh faire
nach fhaic an aoibhneas no an gàire;
seo latha eile ri mo shùilean
nach toir faochadh do na rùintean
a tha leantainn gach bliadhna
's i a' snàgadh gu a ciaradh.
Chan eil againne ar daoine
agus fir a' Bhràighe air aomadh,
's cha robh MacCruimein no MacMhuirich
ann am-bliadhna no an-uiridh;
agus ma ruigeas mi a-màireach
bidh mo chuibreann anns an tàmailt.

Seo latha eile air na slèibhteann
is Alba mhòr fo bhinn bhèistean,
a miltean bhochdan air an spùilleadh,
air am mealladh 'nan cùis-bhùrta,

air am breugadh, air an ungadh
aig maithean is bùirdeasach dhiadhaidh
tha deanamh bùirdeasach de Chrìosda.

Seo latha eile air na slèibhteann
is Alba gheal 'na brochan brèine,
Sasainn agus an Fhraing còmhla
air am mùchadh san aon òtraich,
a' Ghearmailt mhòr 'na boile brèige,
's an Spàinn 'na cladh an laigh an treuntas,
agus uachdarain nam Pòlach
nan culaidh-mhagaidh na Roinn-Eòrpa.

Tha solas-biorach air a' mhòintich
's chan eil 'na mhanadh an sòlas
ach casgairt, gort is murt is dòlas,
bristeadh-cridhe 's bàs an dòchais.

Och, a mhòinteach Mararabhlainn,
's ann dhutsa bu dual na taibhsean,
Òir chuala tusa an cràdhgħal
is Coire na Creiche 'na àraich
agus chuala tu an caoineadh
is Mingin is a' call a daoine.

EARRANN III

Tha na boglaichean air sgaoileadh,
a' cuairteachadh beanntan an t-saoghail,
gus an sluig iad an Roinn-Eòrpa,
Aimeireaga 's an Àisia còmhla.
Fàsaidh is bàrcaidh an ruaimleach
's i bàthadh ann an tuil mòr brèine
na tha fialaidh, còir is dìreach,
critheanaich gach uile thìre.
Tha 'n t-sùil-chruthaich domhainn saidhbhir,
a' slugadh fearann nan neo-aoibhneach,
brat na saille, dubh is duainidh,
a' mùchadh nam mìltean thruaghan:
's ioma sgorra 's mòran chluaintean
a chaidh fodha anns a' chuan ud:
bhàthadh an Cuilitheann 's am Bràighe,
's cha mhòr Dia anns na nèamhan.
Bhàthadh Mingin is roimhe
agus Bràcadal cuideachd;
och, a bhoglaichean fuitheach,
cò idir a stadas ur tuiltean?
Cò bheir faochadh dhan àmhghar
mur tig an t-Arm Dearg sa chàs seo?

Tha ioma ròs is lili bhòidheach
a' cinntinn air uachdar na mòintich,
bhòidheach ann an dath 's an còmhach
ged a dh'fhàs iad air an òtraich,
ach thig a' bhrèine anns an anam
a' mealladh rudhadh na fala.

Tha ioma craobh dhosrach snodhaich
a' fàs anns a' bhoglaich choimhich
is ioma eun treun-sgiathach àlainn
a sheas orra mus deach a bhàthadh;
ach an uair a thig an laomadh,
sluigear flùr is eun is craobhan.

Och, a bhoglaichean sanntach,
shluig sibh an t-Ar-a-mach mòr Frangach,
shluig sibh a' Ghearmailt is an Eadailt,
is fhad' on shluig Alba 's Breatainn;
shluig sibh Aimeireaga 's na h-Innsean,
an Aifric is magh mòr na Sìne,
's a Thì mhòir, b' e siud an t-àmhghar,
gun d' shluig sibh gaisge na Spàinne.

Siud oirbh, a bhoglaichean sanntach,
tha sibh moiteil garg ceannsail;
sibh a dh'fhaodas, tha sibh dligheach
air seirbheis eanchainne gun chridhe:
fhuair sibh dubh-chosnadh nan saoidhean
ioma latha dh'aindeoin caoidhe.

A chlanna nan uachdaran ceannsail,
dannsaibh anns a' bhoglaich aingidh,
thigibh gu spòrsa air na bruachan,
chan fhada bhios sibh fhèin an uachdar.
Thoiribh sgriob a Chille Chòmhghain
a dhannsa air uaigh an t-seòid ud,
agus dèanaibh turas Ghlaschu
is uaigh MhicGill-Eain ann a' glasadadh.
Dèanaibh dannsa chridheil aoibhneach
mus bàthar sibh fhèin sna h-aibhnean:
mòr an t-sùil-chruthaich shearbh
's tha maoidheadh air an Sgurra Dhearg.

An cuala sibh an sgeul grànda
gun do spothadh an t-Àigeach?
Bha ioma bùirdeasach is bàillidh
ga chumail fodha anns a' chàthar.
Sgaradh a chlachan agus eanchainn:
rinneadh droch dhìol air an ainmhidh;
rinn iad mèlich dhe shitrich,

dh' fhàgadh e air an t-sitig.
Thugadh bhuainn ar n-each iomraidh,
bàthaidh na boglaichean an t-ionlan.

An deach innse dha na Dalaich
mar thachair dhan each lùthmhòr allail?
An deach innse anns a' Bhràighe
diol an ainmhidh mheanmnaich làdir?
Chualas anns an Ruis 's sna h-Innsean,
san Fhraing 's le milleanan na Sìne,
ach cha d' ràinig am fios Alba,
Òir tha i bodhar is fo dhalla-bhrat,
is ged a dh'innsear e an Sasainn,
cha thuig na h-ùmpaidhean fhathann.

Tha na Sgitheanaich uile ciùrrte
leis na thachair dhan bhrùid ud,
tha fir na h-Albann uile breòite
a dh'aindeoin aineolas an sgeòil ud:
tha na Sgitheanaich uile brùite
leis na thuigeas iad dhen chùis ud;
saoil sibh a bheil fear an Glaschu
a thuigeas 's a mhìncheas am masladh?

Dhìrich mi moch madainn Dòmhnaich
gu mullaichean nam baideal ceòthar,
chunnaic mi na Bùirdeasaich an òrdugh,
Dòmhnhallaich gun bhuaidh, is Leòdaich.

Dìreadh a-mach glùn Choir' Each
dh'ainnich mi bhur sùrd 's bhur dreach:
ged bha mo dhùthaich 'na fàsaich,
cha b' èirig air a' chùis an tràth ud.

An cuala sibh an sgeul salach
mar rinneadh air an Àigeach Dhalach?
Beag siud dhen gnìomharan trùillich,
obair uachdaran 's am fùidsean.

Tha mi cràiteach mun each bhuadhar
a thogadh a cheann àrd thar chuantan,
a bheireadh an dùbhlan le shèitrich
do ghailebheinn a' Chuain Shair ag èirigh.

Bha uair a chuala mi le annsachd
mu dhannsa fhrioghan air a cheann-san
nuair thogadh anns an Eilean meirghe
breac le lot is sgàrlaid feirge.

Saoil nan robh mi fhìn 'na dhìollaид

nuair thàinig faramachd na bliadhna,
an robh mi air beireachd air MacDhiarmaid,
ge cruaidh a dhoineannachd thar iarmailt?
An robh mi air beireachd air MacDhòmhnaill,
a dh'aindeoin beithir-theine a ghlòir-san?
Ach chan fhaca mi a' mhòrachd,
's feumar stad far am fòghainn,
Sgitheanach ri taobh Màiri Mòire.
Ach chan inns mi dha spiorad làidir
nach tàinig tilleadh air an tràigh ud;
seachnaidh mi clàr treun a h-aodainn
's mo sgeul air buaidh ar n-Eilein traichte.

O mhullaichean a' Chuilithinn chràcaich
chunnacas ioma ìomhaigh àlainn,
cuid a' cnocaireachd nan àrd-bheann,
cuid eile, theirinn, air am bàthadh:
eadhon anns a' bhoglaich ghrànda
chunnacas faileasan na h-àille:
chunnacas gaisge, gliocas, näire,
chunnacas òige, ceòl is gàire,
agus fialaidheachd a' chridhe,
treuntas is aighear do-ruighinn.
Chunnacas gach flùr a dh'fhàsas,
eadhon an taobh gonte cràiteach;
ach ann an aon chan fhacas riamh ann
tuigse Lenin is taobh dearg Chrìosda;
chan fhaicear an dithis còmhla
a dh'aindeoin farsaingeachd na mòintich;
chan fhaicear ann an aon ait' iad
ach air mullach lom nan àrd-bheann.

Bha deuchainn 'na mo spiorad aognaidh
nuair a smaoinich mi gum b' e t' aodann
a chunnait mi sa mhòintich bhaoith ud.
A luaidh, m' annsachd is mo ghaol geal,
tha fhios nach diù leatsa 'n taobh ud.
Lìon mo chridhe 'na lasair caoire
ri t' fhaicinn air a' mhullach fhaoilidh.

'S ioma bàthadh de nì boìdheach
a rinn a' bhoglach 'na h-òtraich;
ach cha do bhàth i mo ghràdh geal:
aon chomharradh gu ruig i fàillinn.

Ciaraidh an latha air a' mhòintich
ged a tha i oillteil bòrcach,
dubhaidh an oidhche air a bruachan,
tuitidh is traoghaidh a ruaimle,
tràghaidh a muir-làn mòr bàrcach;

thig coltas eile air an àrainn,
leasaichear bho bhàthadh 's duilighinn
is èiridh latha air a' Chuilitheann.

EARRANN IV

'S fhada 's cas o àird an aonaich
sìos gu grunnd na boglaich craosaich,
ach mar as àirde thèid an dìreadh
's ann as doimhne a chì neach
tro an ruaimle, tro a' chàthar,
tro chridhe boglaich a' bhàthaidh.
Ach carson a ghabhar dòchas
gun tig caochladh air a' mhòintich,
gu fàg a treòir is a buaidh i,
gun tràigh is gun traoigh a luasgan.
Nach eil Alba mhòr an àrdain
cheana fodha anns a' chlàbar,
nach eil an Spàinn is an Eadailt,
an Fhraing, a' Ghearmailt agus Breatainn?
Nach do bhàth i na h-uile
olc air mhath anns na tuiltean?
Nach tug i 'n aon bhuaidh air an t-saoghal,
a' cur thairis air uile thaobhan,
nach d' rinn i Dachau dhen t-saoghal,
nach do mhill i gaisge 's gaol geal?

Chunnacas air sràidean Ghlaschu
agus air sràidean Dhùn Èideann,
agus air sràidean Lunnaidh,
tiùrr lobhte na brèine:
a' bhochdainn, an t-acras, an t-siùrsachd,
an fhiabhras, a' chaitheamh 's gach èislean,
dh'fhàs iad uile air a taobh-se:
rinn i laomadh le creuchdan.

Cas agam anns a' bhoglaich
agus cas air a' Chuilitheann,
m' inntinn an sàs anns an òtraich,
's mo shùil air tòrachd an iomaluais.

'S gann gun dìrich mi chaoidh
dh'ionnsaigh frìth àird a' mhunaidh,
's gann gu faighear mi air slèibhtean
air am bi reultan a' fuireach.

Cha dèan mi gleac no carachd ònrachd
ris a' mhòintich ud gu bràth;
cha thàrr mi às a crithich uabhais
leis na tha annam de spàирн.

Cus dhen bhoglaich na mo spiorad,
cus dhen mhòintich na mo chridhe,
cus dhen ruaimle na mo bhuadhan:
ghabh mo mhisneachd an tuar glas.

Cha ruig mi mullach a' Bhidein
gun tighinn idir air Blàbheinn,
chan fhaicear mi air Sgurra nan Gillean,
no air stallachan a' ghàbhaidh.

Tha oidhche na mòintich air mo shùilean
's i air drùdhadh air mo lèirsinn;
chan eil mo dhòchas ri ùr-dhreach
no ri ùr-ghile grèine.

'S fhada, goirt fada,
's fhada 'n latha nach tàinig,
's fhada 'n oidhch' air a' Chuilitheann
's e ri tulgadh an àmhaghair;
's fhada 'n oidhch' air na slèibhteann
's iad ri èigheachd cruaidh-ghàireach,
's fhada 'm feasgar air ciaradh
air beinn iargain mo ghràidh-sa.

EARRANN V

Chuala mi gum facas bristeadh
agus clisgeadh air an fhàire,
gum facas ròs dearg ùrail
thar saoghal brùite màbte;
chuala mi mu Abhainn Chluaidh
a bhith air tuar na càrnaid;
chuala mi mu MhacGill-Eain
bhith deanamh ceangal neo-bhàsmhor
air gach cridhe agus eanchainn
le meanmnachd thar cràdhlot.

Chunnacas manadh mòr is uilebheist,
an t-Àigeach a' sitrich air a' Chuilitheann,
èirigh nan creagan a bha builgeadh,
air an tug an spiorad tulgadh.
Bha roghainn nan each mòra creagach
a' bocail air Sgùrr a' Ghreadaidh,
leum an Eist mhòr fhiadhaich
tarsainn iomallan nan crìochan;
chuir e chas air Sgurra nan Gillean
's e prannsail air bàrr a' Bhidein,
leum e le lùths an àrdain
o Sgurra na h-Uamha gu Blàbheinn

agus o Blàbheinn thug e gàmag
gu mullach adharach na Gàrsbheinn;
gheàrr e boc dhe Sgùrr an Fheadain
's e fàgail uamhaltachd na creige
gus an d' ràinig e 'n càthar,
a stamp e mar aon pholl-dàmhair.
Siud ort fhèin, Àigich lùthmhoir,
prannaidh tu bùirdeasachd nam fuidsean,
ní thu sìnteag thar na móintich;
chan eil thu tuilleadh air an òtraich:
chan eil thu nis 'nad thruaghan gearrain;
chaill na boglaichean am mealladh.

Eich mhòir a' chuain,
mo ghaol do ghruaim;
eich mheanmnaich
an t-seana chinn chruaidh:
eich ghais sgiamhaich
nan slios riabhach,
Eist mhòr fhiadhaich,
b' thu riamh ar luaidh.

Àigich Sgitheanaich,
's tu air mo bhialaibh,
mo roghainn iadaich
is m' iargain dùil:
a steud nan cuantan,
's tu th' air mo bhuaireadh,
's mo chridhe luaineach
led luasgan shùl.

Eich mhòir ghaolaich
na muinne craobhaich,
chual' thusa faochadh
a' Chaogaich chais:
eich mhòir nan tonn,
a mharcachd shonn,
chual' thu fonn
Maoil Duinn nan gath.

Àigich ghairbh,
chual' thusa stoirm
is glaodhaich gairm
duis fhoirmeil bhras
o Phàdraig Mòr
's o Phàdraig Òg:
an gaol 's am bròn
's a' phròis mhòr ait.

Eich mhòir na faire,

mo chridhe gàire,
chual' thu àrdan
an t-sàr-fhir chòir:
chual' thu MacMhuirich
od bhaideal munaidh,
chual' thu 'n curaidh
dhan tugadh seòl.

Eich ghais iargalt,
chual' thu 'n t-sianail
nuair thàinig stialladh
le bliadhna mhòir:
chual' thu MacCaluim,
an gaisgeach allail,
is dà Stiùbhart
le lasair mhòir.

A luaidh faire,
a ghaoil nan àrd-bheann,
m' eudail sgàile,
mo ghràdh do lì:
a chearcaill mullaich
nan saoi 's nan curaidh,
a bheanntan ulaidh,
cha sguir bhur strì.

A dhòchais na h-Albann,
togaidh 'n dallabhrat
a tha cho marbheat
le arraghloir lùiths:
a spèis na h-Eòrpa,
thig an còmhnad,
an lasair bheò-dhearg
a sgriosas smùr.

Chithear an Cuilitheann
'na iolair iomaluath,
'na leòmhann suilbhír,
'na bheithir dheirg;
chithear Alba
'na slios geala-chrios,
'na teine falbhaidh,
air magh 's air leirg.

'S fhada, cian fada,
's fhada an dìreadh,
's fhada slighe a' Chuilithinn
is cunnart bhur strì-se;
's fhada 'n streap ris na slèibhteann,
's ioma euchd a tha dhìth orr',

's cruaidh spàирн ris na creagan;
's goirt a' charachd 's an sgiths ud.

Mòr am blàr is na creuchdan
tha an èirig na h-Eòrpa;
cruaidh an gleac iomagain
tha an tuigse na còrach;
cian fada 'n imcheist
is iomaluas na breòiteachd,
fada 'n oidhche 's a h-iargain
mun tig grian dhearg òraidi.

Fada, ach thig i,
's ann dhuinn thig an òr-ghrian;
èiridh an Cuilitheann
gu suilbhìr 'na ghlòir geal;
ged as searbh dhuinn an oidhche
chuir an loinneas fo sgleò dubh,
's ann a bhristeas a' mhadainn
air baidealan glòrmhor.

Cruaidh càs na Sìne,
nan Innsean 's na h-Albann,
searbh call na Spàinne,
àrainn nam mòr-mharbh;
cruaidh càs na h-Eadailt,
na Gearmailt 's na Frainge,
is uachdarain Shasainn
a' cur am bochdan fo ghanntachd.

Tha Ó Conghaile an Èirinn
ag èirigh thar àmhghair,
MacGill-Eain an Albainn
'na chalbh air na h-àirdean,
Liebknecht sa Ghearmailt
marbh ach neo-bhàsmhor,
is Lenin an Ruisia,
ceann-uidhe nan sàr-bhreith.

*Ma chuireadh crìochan ro neach
Ach iad a chuir e fhèin,
Dhan fhàire far an ruigear iad
Cha tug aon neach a cheum.

'S ma tha mhòr-chuid gu faingte teann,
A' leantainn slighe cròn,
'S e 'n leisg fhann fhèin as coireach air,
An lùths cha dhearbh iad fior.

'S fheàrr leo 'n t-seasgaireachd na 'n treòir,

Buigead thar stàilinn bhuadh,
Is dùinteán beaga moraltachd
Os cionn nam beann bith-bhuan.

Mullach an t-saoghail a' chlach lom;
Is èiginn neach cur dheth
Na ghabhas, agus sin gach eile,
Mum bi an àird 'na bheachd.

* Eadar-theangaichte bhon Bheurla aig MacDhiarmайд

EARRANN VI

Fhuair mise deuchainn gun fhaochadh
on latha chuireadh mi air Long nan Daoine.
Bha mi 'n Geusto a' buain maoraich
an uair a ghlacadh mi 's mi 'm aonar.
Dh'fhuiling mi daorsa nan stràc,
an dubh-chosnad is grian le àin
a shearg m' fheòil air mo chnàmhan
's a rinn creachadh air a' bhlàth òg
a bha 'na mo ghruaidhean 's 'nam aodann
mun tainig dunachd air mo shaoghal.
'S ioma deuchainn mun cuala
mi fhìn san Eilean ron uair ud;
ach cò fhuair uiread rium no leth dheth?
A Dhia nan gràs agus a Chrìosda,
cha bu mhòr m' iarrtas
ach cha d' fhuair mi de bhàidh bhig
fiù 's gu faicinn air fàire
Beinn Dubhagraich, far robh an àirigh
'nam òige, no cladh mo chàirdean.
'S ioma nì thig air na bochdan
ach cha d' fhuiling neach mo lochd-sa,
ged bha mi sona nuair bha mi òg,
a dh'aindeoin bochdainn, an Dùis MhicLeòid.

An uair a dh'èireas mi sa mhadainn
chan fhaic mi ach na raointean glasa,
far a bheil saothair is ànradh
's am fonn e fhèin an ìmpis sgàineadh
le teas murtail na grèine cràitich.
Saothair, acras, fannachd, tàmait,
b' iadsan a' chuibreann a bha 'n dàn dhomh;
agus a-chaoidh cha ruig mi faire
om faic mi Loch Harport 's taigh mo mhàthar
far an robh cridhealas is gàire
aig luaidhean ri linn mo chàirdean;
agus chan fhaic mi an Cuilitheann cràcach

ag èirigh thar Minginis mo shàth-ghaoil.

Mo shàthghal goirt
mar a tha mi nochd
is dàl nam bochd rim ùidh.

Cha bhàs nan triath
a chràidh mi riamh,
ach càs is dìol luchd-rùin.

A' chainnt 's an ceòl
a chleachd mi òg
air falbh mar sgleò bhom shùil,

is èibhneas smuain
mo chèille 's luaidh
thar rèis a' chuain bhom dhùil.

Am Bràcadal
nam bruthach cas,
nan cluaintean glasa, m' ùidh;

am Minginis
as grinne slios,
as guirme pris, mo rùn;

an Eilean Sgitheanach
nam beann sgiamhach,
nam monadh riabhach,
mo chiall 's mo smaoin;

an Eilean uachdrach
a' Chuilithinn ghruamaich,
nan loch suaineach,
mo luaidh 's mo ghaol;

an eilean uallach
nam beann fuara,
nan sruth luaineach,
nan cluaineag caomh;

an eilean aoibhneach
nan cridhe saidhbhir,
nan spiorad coibhneil,
le loinn-chruth faoil.

'S e gnothach bochd a tha san fhògradh
nuair tha an cruaidh-chàs an tòir air;
dh'fhoghlaim mise siud dhomh fhìn
nuair sheòl mi anns an *Annie Jane*.

Thog sinn siùil am bàgh Bharraigh
latha fiadhaich, oidhche challa,
is chaidh na siùil a-mach 'nan stiallan
air cùl Bhatarraig le siaban
agus cathadh mara fiadhaich.
Chaidh an *Annie Jane* 'na clàran
leamsa 's le luchd mo chàirdean.
Chan fhaca mi Aimeireaga chianail,
Òir shluig a' mhuir mhòr 'na beul mi.
'S e gnothach bochd a bha sa bhàthadh
nuair nach robh feum no stàth ann.

'S mise Chlio mhòr Sgitheanach,
tha mi ainmeil thar cheudan:
tha mi fiosrach feadh an t-saoghail,
is eòl dhomh dàn is dàl nan daoine.
Bha mi latha an Srath Shuardail
agus thàinig gaoir gum chluasan:
chuala mi corranach nan truaghan
a bha am Mormhair a' ruagadh
à Boraraig is Suidhisnis uaine
gu taobh eile nan cuantan.
Thug mi sùil air Dùis MhicLeòid
's cha do mheall a' bhreug mo bhròn.

'S mise Clio mhòr Leòdhais,
choisich mi cho fad' 's a dh'fhògħnadh
air an t-slighe ealamh dheònach ud
à Beàrnaraigh gu Steòrnabhagh.
'S mise Chlio gun chion àrdain,
Òir chunnaic mi Faghaid na Pàirce:
's mise Chlio gheur-chùiseach:
tha fhios agam cò às gach Dùsgadh.

'S mise Clio bhrònach Mhuile;
chunnaic mi fraineach 'na tuiltean.

'S mise Clio na Hearadh;
phioc mi anns na creagan sear ud.

'S mise Clio Innse Gall:
chunnaic mi allaban is call,
chuala mi piob mhòr MhicCruimein
agus a' chaora mhaol a' criomadh.

'S mise Clio Inbhir Nis:
sheas mi leam fhìn anns an sgrios
a bh' air Druim Athaisidh shuas ud
nuair a nochd feasgar an uabhais:
chunnaic mi Teàrlach Ruadh a' teicheadh

agus Alasdair Ruadh 'na chlosaich.

Chualas an corranach 's an caoineadh
ann am mèilich nan caorach.

'S mise Clio na Galltachd:
's aithne dhomh breòiteachd is dallabhrat;
chunnaic mi am mèinnear 'na thràill daorsa
ach chunnaic mi ròs dearg Chluaidh a' sgaoleadh
'na bhrat cumhachdach mòr feirge
's MacGill-Eain a' togail meirghe.

'S mise Clio na h-Èireann:
a Dhia, fhuair mise mo lèireadh
le gort Bliadhn' a' Bhuntàta,
le fòirneart, bochdainn is ànradh;
ach a dh'aindeoin na truaighe
's mise Chlio mhòr uallach,
Óir chunnaic mi Ó Conghaile 's am Piarsach,
Wolfe Tone, MacGearailt agus Emmet.

'S mise Clio mhòr Shasainn:
cha b' e mo chuibhreann-sa a b' phasa:
chunnaic mi Tyler is John Ball,
Kett is Dudley olc is More,
Lilburne, 's air Drochaid Ath Bhuirg
MacThòmais le daga 's gach dòrn;
Blake is Shelley len cràdhlot,
iomha Pàirc is Dachaigh Stàiteil.

'S mise Clio na Spàinne:
's ann agamsa tha fhios air àmhghar:
bha mi 'm Madrid is Barsalòna,
chunnaic mi gaisge agus fòirneart,
gach fulangas agus gach truaighe,
a dh'aindeoin spàирн cridhe 'n uabhair.

'S mise Clio na Frainge;
chunnaic mi 'n t-Ar-a-mach caillte,
's chunnaic mi La Commune le bròn,
le h-àmhghar, le gaisge 's le glòir.

'S mise Clio na h-Eadailte:
chunnaic mise sealladh eagalach
nuair bha 'm Via Appia fo chroisean-ceusta
Spartacus 's nan Tràillean euchdach;
chunnaic mi de bhòidhche na dh'fhòghnadh,
agus cuideachd bàs Mhatteoti.

'S mise Clio na Grèige,

chunnaic mi daorsa le creuchdan,
agus Metaxas na brèige
a dh'aindeoin gliocais is èigse.

'S mise Clio nan Innsean,
chunnaic mi a' ghort nach innsear,
chunnaic mi spùilleadh is breugan,
Nehru is Gandhi 'nan èiginn;
chunnaic mi bochdainn thar smaointean,
ceann-crìche a' chinne-daonna.

'S mise Clio na Gearmailte:
a Dhia, 's mise chunnaic alla-cheò
air cor is cridhe nan daoine,
Liebknecht, Thaelmann is daorsa.

'S mise Clio na Sìne;
fhuair mise mo chuid fhìn dheth;
ach ghlac mi slabhraidean Tatú Hò
's chaidh an truaighe 'na glòir.

'S mise Clio an t-saoghail:
shiubhail mi beanntan, glinn is raointean,
bailtean agus monaidhean faoine,
ach chan fhacas mòran faochaidh.
Leugh mi Plato is Rousseau,
Voltaire, Condorcet agus Cobbett,
Kant, Schopenhaur, Hume, Fichte,
Marx, Lenin, Blok, Nietzsche.

'S mise Clio an t-saoghail:
dh'obraich mi m' aiseag air Saothach nan Daoine,
bha mi aig Batal a' Chumhaing
agus an Leningrad san iomairt
mun Phàileis nuair thàinig sruth
dhe na Boilseabhaich 'nan ruith.

Smeòrach mis' air Ùrlar Phabail,
ach cha d' fhuair mi mòran cadail.

Seall a-mach, an e 'n là e,
's mi ri feitheamh na faire,
's mi ri coimhead a' Chuilithinn
gus an tulgadh bhith sàsaicht';
seall a-mach, an e mhadainn
a tha balladh nan speuran;
agus faic an e 'n ròs dearg
a tha 'g òradh nan slèibhteann?

'S mise Clio an t-saoghail:

tha mo shiubhal sìorraidh, aognaidh,
ach gu tric 's ann dh'èireas an lasair
a dh'fhas eanchainn, cridhe 's anam.
Bha mi 'n Leipzig le ùidh
nuair sheas Dimitrov air beulaibh cùirt,
's chuala mi uiread 's a chuala
mi riamh roimhe 'n uair ud.
Chunnaic mi 'na chaoir bheò uile
spiorad beadarrach an duine,
anam aigeannach a' churaidh,
eanchainn eagarra nam mullach,
aigne sior-bhuadhach gun chlaoidh,
cridhe geal-ghathach an t-saoi;
cuibhle na h-Eachdraidh a' dol mun cuairt.
Oirre cha toir an domhain buaidh.

Thèid a' chuibhle mun cuairt
is tionndaidh gu buaidh an càs.
Nàile, chì mise bhream
onfhadh a' chuain gun tràigh;
chì mi bàrcadh nan stuadh
agus bàirlinn le gruaim mhòir àird:
bidh an latha sin buan
's bidh na beanntan fo nuallan àigh.

Cha d' fhàg Clio an Dùn
dh'aindeoin truaighe 's cion lùiths bho chian,
ged a b' fhalbhach a mùirn
air àirdean thar dùil 's air sliabh;
's ann a labhair i riom:
chan eil teagamh nach fhaicear fior
an dòchas 's an dùil,
ceann aighir is ùidh nan cliar.

Chunnaic mi bogadaich aodann bhochd
an iomairt na fairge fo lochd:
aig a' Mhound an Dùn Èideann
mhothaich mi an làmh ag èirigh
os cionn plubartaich na fairge
a dhèanamh grèim air an fhalbhan,
an sop fiughair bha dol seachad
's an cridhe falamh a' spreadhadh.

Chunnaic mi air sràidean Ghlaschu
agus air sràidean Dhùn Èideann
agus air sràidean Lunnaidh
crìoch dheireannach an lèiridh;
's ag èirigh à bochdaiinn 's à acras,
à cruidh-chàs 's à creuchdan
meirghe mhòr dhearg an spioraid

nach leagar an dèidh èirigh.

Choimhead mi air a' Chuilitheann,
air an tàinig caochladh tulgaidh.
A shàr-churaidh, 's ann bha t' aodann
geàrrt' an gnùis nam mullach aosta;
bha sgal aigeannach do chridhe
toirt luasgain air Sgurra nan Gillean:
bha bàrcadh spèis a' chinne-daonna
a' toirt a' chrathaidh air an aonach.

Ma tha crìoch air a cur ro neach
ach ise chuir e fhèin,
's ma ràinig duine beò i,
gun d' fhairich i do cheum.

EARRANN VII

'S ioma car a chuir an saoghal
on chunnaic Aeschylus aogas
suinn-dè-duine crochte màbte
air Caucasus nan sgorra gàbhaidh:
an dia fhuair dealbh air cruth daonda,
Iupatar borb, le iadach claoine
a' cur nam biatach acrach mùinte
a shracadh 's a dh'ith' a ghrùdhain:
an cinne-daonna air na creagan
a' ceusadh anama fhèin ri sgreadan
nan eun is nam brùidean fiadhaich
a fhuair an toirt fhèin on bhiathadh.
Dh'aom Iupatar, an gealtair brùideil,
agus Iahweh an t-Iùdhach
ach cha tàinig àm riamh
's nach d' fhuair uachdarain dia
a chrochadh air na beanntan cràbhach
colainn ìobairt nan sàr-fhear.
Chrochadh Crìosda air crois-ceusaidh
agus Spartacus le cheudan;
bha ioma biatach dè am Breatainn
a rinn an obair oillteil sgreataidh,
agus cheusadh ioma Crìosda
an-uiridh agus am-bliadhna.

Thuirt Shelley gun do chlisg am mullach
Caucasach ri pian a' churaidh,
agus chunnaic mise leumraich
air sliabh a' Chuilithinn le èibhneas
ri faicinn Dimitrov 'na aonar
a' toirt air an spiorad dhaonda
leum às a chochall le faoisgneadh

gu stad analach an t-saoghal.
Anns an stad ud bhàsaich diathan
aosta bùirdeasach crìona;
thuit iad bho na mullaichean caola
sìos gu glomharan le glaodhaich.

Ach tha a' bhiatach 's an clamhan
fhathast air sliosan nam beann allaidh.
Chaidh mo ghaol leam air a' bheinn
feuch an cluinneadh i an t-seinn
a bha air stùcan nan ceum gàbhaidh;
chual' is leth-thuig i 'm mànran
agus air ball bha cruth na biataich
air a bòidhche ghil chianail
agus 's ann tholl i mo chliathaich.

Tha ioma eun air a' bheinn,
cuid dhiubh balbh is cuid a' seinn.

Chaidh mi mach air frìth nan àrd-bheann,
thug mi leam mo chuid chàirdean,
chual' iad ùrlar a' ghàir-chiùil
agus 's ann shìn iad air màbadh
a' chrutha mhòir choimhich allail
a bha 'n crochadh ris an stalla.

Reubaidh gob an eòin an toibheum
a tha air bilean an naomh-oilein.

Choisich mi air àird nam beann
's dà ghaol a' sabaid na mo cheann:
bha biataichean geala 's breuna
a' pianadh mo chridhe le lèireadh.

Cha mhise Clio an t-saoghal
's fhuair mi am mullach aognaidh.

'S mise Clio an t-saoghal;
chunnaic mise mòran saothrach:
mheal mi bochdainn còmh' ri Lenin
agus ri milleanan cheana.

Thogadh às a' mhuir an uilebheist
's chuireadh i air àird a' Chuilithinn;
bha i clearclach an àm ruagaidh
a-mach à doimhne nan cuantan,
ach a-nise tha i dìreach
a' leum ri gaoith an aghaidh sìne;
chunnacas an nathair a' leumraich
is aodann nèimh air a bheumadh.

Chunnacas Crìosda dol mun cuairt
air a' mhullach lom fhuar.

Chunnacas còmhlan a bh' air dìreadh
geur-chreag sgurrachan strìtheil.

Latha dhomh sa Chuilitheann chreagach,
chuala mi phìob-mhòr ga spreigeadh,
nuallan cinne-daonna freagairt,
an eanchainn 's an cridhe leagte.

Chualas iolach air na slèibhteann,
gàir shaorsa an t-sluaigh ag èirigh.

Air na sgurrachan mun cuairt
bha na beò-mhairbh is am buaidh:
Toussaint, Marx, More, Lenin,
Liebknecht, Ó Conghaile, MacGill-Eain,
agus ioma spiorad àrdain
a chuireadh às an càs na Spainne.

Bha mìle bliadhna mar shiaban
ceò air a chall san iarmailt;
bha Chilio mhòr a' sìor èirigh,
ceud mìle bliadhna' cròn ra lèirsinn:
's ise chunnaic an Cuilitheann
ag èirigh air taobh eile duilghe.

Commune na Frainge air èirigh
's a' sìor choiseachd air na slèibhteann,
agus Càisg bhiothbhuan Éireann
'na teine nach smàl an èiginn;
MacCaluim, Dòmhnull MacLeòid, MacMhuirich
a' sìor choiseachd ar munaidh,
tiodhlacadh MhicGill-Eain an Glaschu
a' suaineadh thar sràidean chas-bheann;
slabhraidhean an Tatu Hò 'nan stàilinn
a' riaghan edar sgurrachan gàbhaidh.

Bleithear roinn an spioraid dhaonda
air creachainnean geura aonaich.
Tha an cridhe nach gabh sracadh
agus an eanchainn nach gabh tachdad
a' coiseachd, a' sìor choiseachd còmhla
thar sgurrachan dubha na dòrainn.

Ag èirigh air taobh eile duilghe
chithear barrachd na aon Chuilitheann,
chithear Cuilitheann gorm an Eilein

agus dà Chuilitheann eile,
Cuilitheann na h-Albann aosta
is Cuilitheann a' chinne-daonna,
trianaid Cuilithinn a' taomadh
a h-onfhaidh sgurraich air an t-saoghal:
trianaid Cuilithinn ag èirigh
thar ànradh buan nan sleibhtean.
Ròs dubh a' Chuilithinn ghuinich
dearg le fuil cridhe 'n duine;
ròs ciar na h-eanchainne glaise
dearg le tuar na fala braise;
ròs geal tuigse nan saoi
dearg leis an fhuil gun chlaoidh;
ròs dearg misneachd nan laoch
thar mullach shlèibhtean 'na chaoir.

Snighe dubh air an stalla,
an dubh-chosnadhl is fallas fala;
snighe dubh air an iarmailt,
ànradh nam milleanan ga ciaradh;
an t-ànradh buan a thàinig
agus an t-ànradh nach tainig,
agus an t-ànradh a tha againn,
an t-ànradh goirt marbh teach fada:
Criosda an crochadh air a' chrois
agus Spartacus 'na chois,
gach mìle bliadhna saothrach maille,
duilleagan searbha an ròis shaillte:
an dubh-chosnadhl 'na throm-lraighe,
an tàmailt, an fhiabhras, a' chaitheamh,
duilleagan an ròis iargalt
'nan trom-lraighe air an iarmailt.

Neo-'r-thaing chithear an Cuilitheann
's e 'g èirigh air taobh eile duilghe;
Cuilitheann liriceach nan saor,
Cuilitheann aigeannach nan laoch,
Cuilitheann na h-inntinne mòire,
Cuilitheann cridhe garbh na dòrainn.

Fada, cian fada, fada air faire
chì mi tulgadh a' Chuilithinn chràcaich,
thar marannan dòlais, thar mòinteach àmhghair,
chì mi geal-shuaimhneas nan stuadh-bheann àrda.

Cò seo, cò seo oidhche dhona,
cò seo a' coiseachd air a' mhonadh?
Ceumannan spioraid ri mo thaobh
agus ceumannan ciùin mo ghaoil,

ceumannan, ceumannan air na slèibhteann,
monmhar cheumannan ag èirigh:
ceumannan fiata, ceumannan ciùine,
ceumannan èalaidh socair mùinte.

Cò seo, cò seo oidhche dunaidh,
cò seo a' coiseachd air a' mhullach?
Tannasg eanchainne luime nochdte,
fuar ri aognaidheachd an torchairt.

Cò seo, cò seo oidhche 'n spioraid?
Chan eil ach tannasg lom cridhe,
manadh leis fhèin a' falbh a' smaointinn,
cliabh feòil-rùiste air an aonach.

Cò seo, cò seo oidhche chridhe?
Chan eil ach an nì do-ruighinn,
an samhla a chunnaic an t-anam,
Cuilitheann ag èirigh thar mara.

Cò seo, cò seo oidhche 'n anama
a' leantainn fiaradh an leòis fhalbhaich?
Chan eil, chan eil ach am falbhan
a' sireadh a' Chuilithinn thar fairge.

Cò seo, cò seo oidhche chinne?
Chan eil ach samhla an spioraid,
anam leis fhèin a' falbh air slèibhteann,
ag iargain a' Chuilithinn 's e 'g èirigh.

Thar lochan fala clann nan daoine,
thar breòiteachd blàir is strì an aonaich,
thar bochdainn, caitheimh, fiabhras, àmhghair,
thar anacothroim, eucoir, ainneairt, ànraidh,
thar truaighe, eu-dòchais, gamhlais, cuilbheirt,
thar ciont is truaillidheachd, gu furachair,
gu treunmhor chithearn an Cuilitheann
's e 'g èirigh air taobh eile duilghe.